

1 Gearran 2022

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh an-dràsta a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne air feadh Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh às dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Sgoil Gilcomstoun, thuirt sinn gum biodh sinn a' conaltradh ris an sgoil gus cunntas a thoirt air adhartas. O chionn ghoirid, rinn sinn conaltradh le luchd-obrach agus leis an ùghdarras ionadail agus thadhail sinn air Sgoil Gilcomstoun. Chuidich ar conaltradh sinn gus tuilleadh ionnsachadh air mar a chaidh taic a thoirt do chlann agus an teaghlaichean tron mhòr-ghalair COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu dhòighean-obrach a tha air a bhith soirbheachail gus taic a thoirt do shlàinte is sunnd, ionnsachadh agus adhartas chloinne. Bheachdaich sinn air adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart nam molaidhean bhon chiad sgrùdadh againn còmhla ris a' cheannard agus oifigear an ùghdarras ionadail.

Tha an litir seo a' cur an cèill na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

A' toirt taic do chlann, daoine òga agus teaghlaichean tro COVID-19

Thug àrd-stiùirichean prìomhachas gu sgiobalta do na bha a dhìth gus taic a thoirt do chlann agus luchd-obrach le dùbhlain COVID-19. Bha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' conaltradh gu cunbhalach ri clann gus sùil a chumail air sunnd rè amannan de dh'ionnsachadh aig astar. Chuir iad air dòigh do chlann a bha ag ionndrainn an caraidean a bhith a' coinneachadh a chèile gu neo-fhoirmeil a' cleachdadh teicneòlas didseatach. Rinn clann suirbhidhean stèidhichte air comharran sunnd nàiseanta. Chleachd luchd-obrach am fiosrachadh seo airson taic fa-leth a thoirt seachad gus clann a chuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris a' mhòr-ghalair. Rè a' chiad ùine de dh'ionnsachadh aig astar thòisich iad a' cumail 'Diciadain Sunndach' gach seachdain. Às dèidh fios air ais bho phàrantan, thionndaidh am fòcas seo air slàinte is sunnd seo gu 'Dihaoine Sunndach' anns an dàrna ùine de dh'ionnsachadh aig astar. Bha seo ag amas air ùine air sgrion a lùghdachadh, le clann an sàs ann an ionnsachadh a-muigh agus gnìomhan cruthachail. Bhon a thill iad gu ionnsachadh san sgoil, tha luchd-obrach a' leantainn orra a' cur am meud ionnsachadh a-muigh gus taic a thoirt do shunnd gach pàiste.

Dh'obraich luchd-teagaisg gu math còmhla gus cleachdadh èifeachdach de theicneòlas didseatach a cho-roinn eatorra. Bha seo airson taic a thoirt do chlann ag ionnsachadh bhon dachaigh. Chaidh làn phrògram de dh'ionnsachadh air-loidhne a thairgsinn, an dà chuid tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Fhuair cuid de chlann, a bha a' co-roinn innealan le buill eile den teaghlach aca, inneal didseatach dhaibh fhèin no pasgain ionnsachaidh air pàipear. Mheudaich seo com-pàirteachadh na cloinne ann an ionnsachadh. Thabhann luchd-teagaisg ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig coinneamhan beò air-loidhne a bharrachd airson clann a chuideachadh gus am fileantas sa chànan a chumail suas. Aig amannan, bha clann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig uile air-loidhne còmhla gus taic a thoirt don fheallsanachd coimhearsnachd a tha iad air a chruthachadh airson ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Nuair a thill clann gu ionnsachadh san sgoil, chùm tidsearan fòcas air eisteachd agus labhairt sa Ghàidhlig. Tha seo a' togail misneachd chloinne ann an

cleachdadh na Gàidhlig, agus aig an aon àm, a' toirt taic do na sgilean leughaidh is sgrìobhaidh aca.

Tha an luchd-teagaisg air fad air sùil a chumail air adhartas ionnsachaidh chloinne bho thill iad gu togalaichean na sgoile. Tha tidsearan mothachail air far a bheil clann nan ionnsachadh. Mar thoradh air sin, tha clann aig a bheil Beurla mar chànan a bharrachd a' cur fòcas air èisteachd agus labhairt, agus leughadh is sgrìobhadh sa Bheurla. Fhad 's a bha iad ag ionnsachadh air astar, bha pàrantan air leth cuideachail ann a bhith a' cleachdadh ciad chànan cloinne gus taic a thoirt do sgilean litearrachd. Cha robh pàrantan an-còmhnaidh comasach air taic a thoirt do ionnsachadh na Beurla. Ann am foghlam meadhan Gàidhlig agus Beurla, bithear a' cleachdadh luchd-obrach a bharrachd gus ùine ionnsachaidh chloinne le inbheach a mheudachadh aon-ri-aon agus ann am buidhnean beaga.

Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh a bha ann roimhe

Tha àrd-stiùirichean a' toirt luaidh air na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' gabhail chlasaichean airson neo-làthaireachd thidsearan agus amannan fèin-iomallachaidh. Ach, tha àrd-stiùirichean a' sìor dhèanamh adhartas le puingean gnìomha a chaidh aontachadh leotha mar phàirt den chiad sgrùdadh. Tha raointean-ùghdarras ceannardais soilleir aig àrd-stiùirichean. Bidh iad a' dèanamh grunn phrìomh ghnìomhan gus a bhith misneachail ann a bhith ag aithneachadh dè tha a' dol gu math san sgoil agus dè a dh'fheumas a leasachadh. Bidh iad a' cur nan toraidhean ann am plana leasachaidh. Bu chòir don phlana seo cumail a' cuimseachadh air àrdachadh coileanaidh, libhrigeadh làn bhogadh agus cur an gnìomh farsaingeachd a' churraicealaim.

Bidh àrd-stiùirichean a' coinneachadh ri tidsearan gus beachdachadh air adhartas chloinne. Bidh iad ag aontachadh mar a chuidicheas iad clann gus adhartas nas fheàrr a dhèanamh. Tha cothrom ann fhathast airson coileanadh chloinne a bhith nas fheàrr.

Bidh iar-cheannard a' stiùireadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha beagan atharrachaidhean air a bhith ann san sgioba-obrach ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne. Bidh an leas-cheannard-sgoile a' toirt taic do luchd-obrach ùr ann a bhith a' fàs cleachdte ris na dreuchdan aca. Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha luchd-obrach air seòmar-cluiche a stèidheachadh le clann aois trì gu Bun-sgoil clas 1 ag ionnsachadh tro chluich bogaidh. An-dràsta, chan eil clann a' faighinn làn bhogadh sa Ghàidhlig. Bu chòir fòcas leantainneach a bhith air fastadh luchd-obrach gu gnìomhach gus an tèid cluich a libhrigeadh tro làn bhogadh. Bu chòir do luchd-obrach agus àrd-stiùirichean cumail orra a' cleachdadh 'Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig' gus na leasachaidhean a tha iad a' dèanamh a chumail suas agus a leudachadh. Tha leas-cheannard na pàirt de bhuidheann stiùiridh ro-innleachdail aig a bheil raon-ùghdarras gus Foghlam Meadhan Gàidhlig 3-18 de dh'àrd-chàileachd a thoirt air adhart sa chathair-bhaile. An-dràsta, tha a' bhuidheann a' leasachadh leantainneachd chloinne ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus iad a' gluasad bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile. Tha e ri mholadh gu bheil tidsear Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead a' tabhann gnìomhan èifeachdach do chlann ann am Bun-sgoil clas 6 gus an ullachadh airson ionnsachadh san àrd-sgoil. An seisean seo, lean luchd-ionnsachaidh uile ann am Bun-sgoil 7 le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead. Bu chòir don bhuidhinn stiùiridh ro-innleachdail cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' faighinn fios air ais sònraichte air taobhan Gàidhlig den cuid obrach.

Bidh luchd-obrach a' cur cuideam mòr air litearrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd tro Ghàidhlig agus Beurla. Tro dhùbhlain COVID-19, tha luchd-obrach air obrachadh còmhla gu sàbhailte gus inbhean aontachadh. Bidh iad a' planadh agus a' co-roinn cleachdadh gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd ionnsachadh air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh air feadh na sgoile. Tha luchd-obrach air am plana curraicealaim trì-bliadhna aca atharrachadh gus dèiligeadh ris na dùbhlain a tha COVID-19 ag adhbhrachadh an-dràsta. Bu chòir dhaibh a-nis cumail orra le planaichean airson an curraicealam a leasachadh. Feumaidh seo fòcas sònraichte air sgilean iomchaidh a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla.

Dè thachras a-nis?

Mar a bhiodhte an dùil, tha an sgoil air a bhith a' freagairt ris na dùbhlain a tha air tighinn bho mhòr-ghalair COVID-19. Tha iad seo air buaidh mhòr a thoirt air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur an cèill phlanaichean gus taic a thoirt do fheabhas. Tha iad a' leantainn orra a' dèanamh adhartas dheimhinneach ann a bhith a' coinneachadh gu soirbheachail ris na molaidhean bhon chiad sgrùdadh. Mar thoradh air seo, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangail ris a' chiad sgrùdadh. Cumaidh Comhairle Baile Obar Dheathain orra a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd seirbhis an fhoghlaim.

Joan C Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh